

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Airson a sgaoileadh sa bhad, Dimàirt 22/05/2012

Buidhnean Gàidhlig tràth-bhliadhnaichean a' tighinn còmhla

Chruinnich còrr agus 60 neach-cloinne a tha an lùib bhuidhnean Gàidhlig tràth-bhliadhnaichean air feadh na Gàidhealtachd, ann am Pàirc Fiadh-bheatha an Eilein Duibh faisg air Inbhir Nis airson latha de spòrs is fealla-dhà Diluain (21/05/2012).

Còmhla ris a' chloinn bho sgoiltean-àraich agus buidhnean phàrant is pàiste air feadh Sgìre na Gàidhealtachd, bha pàrantan agus stiùirichean nam buidhnean a shiubhail à àiteachan mar Drochaid a' Bhanna, Inbhir Pheofharain, Inbhir Nis agus Ulapul.

Bha an tachartas, a chuireadh air dòigh le Gwen Bowie, Oifigear Tràth-Bhliadhnaichean Bhòrd na Gàidhlig, air a dhealbh gus buidhnean Gàidhlig tràth-bhliadhnaichean a tharraing còmhla, a' toirt cothrom do chloinn, do phàrantan is stiùirichean coinneachadh ri chèile agus dàimhean a stèidheachadh.


Thuir Mairi Nic Ille Mhaoil, Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig: “Tha Bòrd na Gàidhlig dealasach a thaobh roinn nan tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig a dhaingneachadh agus a leudachadh air feadh na h-Alba. Tha sin a' tàladh bhuannachdan cudromach, chan ann a-mhàin chun a' chànain, ach tarsainn raointean eile leithid foghlam, cosnadh, slàinte agus sunnd. Bha e fìor mhisneachail dhuinn àireamh cho mòr de chloinn a bhith a' gabhail pàirt anns an tachartas Diluain agus tha sinn a' coimhead air adhart ri a leithid eile de thachartasan a leudachadh a-mach ann an sgìrean eile.”

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint na brath naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d gu steven@gaidhlig.org.uk no le fònadh fòn-làimhe: 07557 481 081.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For Immediate use, Tuesday 22/05/2012

Gaelic early years groups come together

More than 60 children, involved in Gaelic early years groups from across the Highlands, gathered at the Black Isle Wildlife Park near Inverness for a fun day on Monday (21/05/2012).

The children from nurseries and parent & toddler groups from throughout the Highland Region were joined by parents and group leaders and travelled from places like; Bonar Bridge, Dingwall, Inverness and Ullapool.

The event, which was organised by Bòrd na Gàidhlig's Early Years Officer Gwen Bowie, was designed to bring early Gaelic year groups together giving children, parents and group leaders the opportunity to meet one another and establish relationships.

Bòrd na Gàidhlig Head of Education and Learning, Mary MacMillan said: "Bòrd na Gàidhlig is committed to investing and expanding the Gaelic early years section throughout Scotland. It brings significant benefits not only to the language, but across other areas such as education, employment, health and wellbeing. It was very encouraging to have such a large number of children taking part in Monday's event and we look forward to rolling out similar events in other areas."

ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or phoning mobile: 07557 481 081.